

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

Airson a sgaoileadh sa bhad

07/02/2018

Gàidhlig a' faighinn prìomhachas le Urras Oighreachd Ghabhsainn

Tha Urras Oighreachd Ghabhsainn gu bhith a' fastadh Oifigear Leasachaiddh Gàidhlig 's iad a' cur na proisbaig air a' Ghàidhlig le pròiseact trì-bliadhna far am bi iad a' toirt taic don chànan agus ga bhrosnachadh air feadh na sgìre aca. Tha an t-Urras a' coimhead às dèidh 56,000 acair de dh'fhearann às leth na coimhearsnachd ann an lar-thuath Leòdhais.

Tha an iomairt, luach £102,513, a' faighinn taic bho Bhòrd na Gàidhlig agus lomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean (HIE) agus thairis air trì bliadhna bidh an t-Urras a' cur air adhart sreach de thachartasan agus iomairtean Gàidhlig a bhios airson togail air an dlùth cheangal a th' aig an sgìre ris a' Ghàidhlig agus an ùidh a th' aig daoine sa Ghàidhlig agus cultar na Gàidhlig mu thràth anns a' choimhearsnachd.

Le bhith a' cur na h-iomairt seo air dòigh tha Urras Oighreachd Ghabhsainn airson gum bi barrachd chothroman aig muinntir na coimhearsnachd Gàidhlig ionnsachadh agus gum bi an cànan air a thaisbeanadh gu mòr do luchd-turais agus daoine eile a bhios a' tadhail no ag obair san sgìre.

Chaidh an t-Urras a chur air bhonn ann an 2007, agus anns an ùine fhada san iomairt Ghàidhlig seo tha iad airson fhaicinn ciamar a gheibh gnìomhachasan cothroman gus fàs a thoirt air an obair aca agus gus obraichean agus cothroman obrach saor-thoileach a bharrachd stèidheachadh san sgìre.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Thuirt Agnes Rennie, Cathraiche Urras Oighreachd Ghabhsainn: “Le bhith a’ cur a’ phròiseict seo air adhart tha sinn airson a bhith ag obair ann an co-bhann le buidhnean sa choimhearsnachd airson togail air beartas dualchas na Gàidhlig agus a bhith ag aithneachadh cho cudromach ’s a tha e airson eaconamaidh na sgìre. Tha buidhnean mar Chomann Eachdraidh Nis agus gniomhachasan ionadail gu bhith a’ faighinn taic airson iomairtean ùra a chur air dòigh a bhios a’ toirt leasachadh air na diofar ghnìomhachasan agus aig an aon àm a’ fàs agus a’ neartachadh na Gàidhlig air feadh na coimhairsnachd.”

Cuideachd thuirt Mrs Rennie: “S e àrd-amas a tha air a bhith aig an Urras dòighean fhaighinn airson taic a chur ris a’ Ghàidhlig agus an cànan a neartachadh san sgìre agus chaidh plana a dhealbhachadh leis an Urras agus leis a’ Chomunn Eachdraidh ann an 2015. Tha sinn fior thoilichte a-nis gum faod sinn an t-àrd-amas sin a choileanadh leis an taic-ionmhais ùir seo.”

A’ bruidhinn às leth Bhòrd na Ghàidhlig, thuirt Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Càinain is Leasachaidhean Coimhairsnachd: “Tha ceanglaichean làidir leis na diofar choimhairsnachdan ionadail gu math cudromach do Bhòrd na Gàidhlig mar a tha againn le Urras Oighreachd Ghabhsainn. Tha sinn fior thoilichte taic a chur ris a’ phròiseact seo a bhios a’ cuideachadh le prìomhachasan ro-innleachdail a’ Bhùird co-cheangailte ri bhith a’ toirt barrachd chothroman do dhaoine Gàidhlig ionnsachadh agus fhaicinn. Tha am pròiseact seo cuideachd a’ cur cultar, cànan agus dualchas na Gàidhlig aig cridhe na coimhairsnachd san àm ri teachd.”

Thuirt Rachel NicChoinnich Manaidsear HIE Innse Gall: “Tha sinn toilichte taic a chur is a’ phròiseact seo airson Oifigear Gàidhlig a bhith stèidhichte aig Urras Oighreachd Ghabhsainn. Tha na bhios HIE Innse Gall a’ cur ris a’ phròiseact seo a’ cumail taic gu mòr ri lèirsinn an Urrais a tha airson a’ Ghàidhlig adhartachadh mar bhuanachd eaconamach taobh a-staigh na coimhairsnachd. Tha an sgìre mar aon de na prìomh choimhairsnachdan far a bheil luchd-labhairt na Gàidhlig agus tha cothroman ann

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Ieudachadh air na buannachdan bhon Ghàidhlig san sgìre. Tha sinn a' coimhead air adhart ri bhith ag obair còmhla ris an Urras agus iad airson gabhail ris na cothroman a thig bhon Ghàidhlig."

CRÌOCH

Airson tuilleadh fiosrachaидh mun bhrath-naidheachd seo cuiribh fios gu Murchadh Moireasdan, Manaidsear Conaltraidh agus Thachartasan aig Bòrd na Ghàidhlig, air murchadh@gaidhlig.scot no 01463 225454 / 07525 893367

Fios gu Neach-deasachaidh:

'S e raon-ùgharrais Bhòrd na Gàidhlig a bhith a' toirt taic do Ghàidhlig na h-Alba agus a bhith ga cur air adhart agus ga leasachadh ann an Alba agus gu h-eadar-nàiseanta.'S e an lèirsinn a th' againn gum bi a' Ghàidhlig seasmhach san àm ri teachd mar chànan brioghmhor is neartmhor agus i air a cleachdadhbarrachd is i a' faighinn spèis ann an Alba an latha an-diugh sa bheil iomadh cultar is cànan.

Priomh amas a th' againn 's e àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig a mheudachadh agus na cothroman a th' ann do dhaoine an cànan a chleachdadhbarrachd a chur am meud, a thuilleadh air ìomhaigh a' chànan agus a' chultair a thogail ann an Alba is thall thairis.

Tha sinn ag obair le iomadh buidheann poblach gus planaichean Gàidhlig ullachadh agus a chur an gnìomh, agus le buidhnean coimhlearsnachd agus eile le bhith a' toirt seachad taic-airgid airson an cuid obrach agus phròiseactan, a thuilleadh air comhairle agus stiùireadh a thoirt do Mhiniestearan na h-Alba agus do bhuidhnean eile a thaobh iomadh raon de leasachadh na Gàidhlig.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



For Immediate Use

07/02/2018

Gaelic focus for Urras Oighreachd Ghabhsainn (Galson Estate Trust)

Urras Oighreachd Ghabhsainn (Galson Estate Trust) is set to recruit a Gaelic Development Officer as it undertakes a three-year project which will see the Gaelic language and culture being actively supported and promoted throughout the community. The Trust manages 56,000 acres on behalf of the community in the North West of Lewis.

The £102,513 initiative is backed by Bòrd na Gàidhlig and Highlands and Islands Enterprise (HIE). The project will see Galson Estate Trust focus on providing a range of Gaelic language and cultural activities which will aim to build on the “sense of belonging” and the interest in Gaelic heritage and culture that exists in the community. It will include increasing access to the language, supporting the learning of the language and addressing the needs of the people who live and work in, and visit, the Trust area either for business or leisure purposes.

In the longer term the Trust, which came into being in 2007, would also aim to explore how Gaelic could act as an asset to help business growth and create employment and opportunities for volunteering in the area.

Agnes Rennie, Chair of Galson Estate Trust said “This project will enable the Urras to work with partners in the community to build on our rich Gaelic heritage and recognise its place as a key economic driver. Organisations such as Comann Eachdraidh Nis and local businesses will be supported to explore new initiatives to develop their enterprise whilst nurturing and strengthening the language in the community.”

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



She went on to say "It has been a long held ambition of the Urras to find ways to support and nurture the language of the community and a draft local language was created by the Urras and Comann Eachdraidh Nis in 2015. We are delighted that this new funding package will let us realise that ambition."

Daibhidh Boag, Director of Language Planning and Community Developments with Bòrd na Gàidhlig said "Bòrd na Gàidhlig places great emphasis on the importance of having strong links with local communities like those served by the Galson Estate Trust. We are delighted to be supporting this project which will address some of the Board's key strategic objectives in relation to increasing access to the Gaelic language and the learning and promotion of the language. This project also sees the Gaelic language, culture and heritage as being at the heart of the community and its long-term future"

Rachel Mackenzie, Area Manager for HIE in the Outer Hebrides, said: "We are pleased to be supporting this project to employ a Gaelic Development Officer at Galson Estate Trust. Our investment supports the Trust's vision to promote the Gaelic language as an economic asset within the community. The area is home to one of the highest concentrations of Gaelic speakers and there is potential to grow the contribution the language makes to the economy of the region. We look forward to working with the Trust as it capitalises on the significant opportunities arising from the potential of the Gaelic language."

END

For further information about this Press Release please contact Murdo Morrison, Communications and Events Manager at Bòrd na Gàidhlig on murchadh@gaelic.scot or 01463 225454 / 07525 893367

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Information for Editors:

The remit of Bòrd na Gàidhlig is to support, promote and develop the Gaelic language in Scotland and internationally. Our vision is that Gaelic will be sustainable as a language that is meaningful and robust that is used and respected throughout today's multi-cultural Scotland.

We prioritise an increase in the numbers speaking Gaelic and increased opportunities for usage of the language in addition to raising the profile of the Gaelic language in Scotland and internationally.

Bòrd na Gàidhlig works with public bodies in the preparation and implementation of Gaelic Plans and with community groups and others through providing project funding and provides advice and guidance to the Scottish Government Ministers and other agencies on the different aspects of Gaelic development